

# CENO

## COMATAIDH NA H-ÒIGRIDH

**Bheil sibh 16-26 bliadhna a dh' aois le ùidh ann an cànan is cultar na Gàidhlig?**

**Bheil sibh airson ur beachdan a thoirt air adhart?**

**Tha An Comunn Gàidhealach a' lorg 6 inbhich òg airson a bhith air Comataidh ùr: Comataidh na h-Òigridh. Leughaidh na leanas airson barrachd fhaighinn a-mach..**

**Cò tha sinn a' lorg?**

Tha sinn a' lorg 6 inbhich òga eadar 16-26 bliadhna a dh'aois airson a bhith air a' Chomataidh ùr againn a tha gu bhith stèidhte mar phàirt de Bhliadhna na h-Òigridh 2018.

'S e deagh chothrom a tha seo airson a bhith air Comataidh Gàidhlig agus mar sin, feumaidh Gàidhlig a bhith agaibh aig ìre air choireigin.

Chan eil e gu diofar mur bh' eil sibh air a bhith air Comataidh ron a seo. Cho fad 's a tha sibh èasgaidh, deònach agus math air a bhith ag obair còmhla ri daoine eile, bheir sinn fhìn stiùireadh dhuibh.

Ma tha ùidh mhòr agaibh ann an cànan is cultar na Gàidhlig agus ma tha beachdan agaibh mu dheidhinn Mòd na bliadhna-sa, bhiodh sinn gu math toilichte cluinntinn bhuaibh.

**Dè bhios sibh a' dèanamh?**

Bidh an Comataidh a' coinneachadh air Skype 4 tursan (cinn-latha ri dearbhadh) suas chun a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail, a thèid a chumail ann an Dhùn Omhain san Dàmhair.

Beachdachaidh an Comataidh agaibh air na tha sibhse airson fhaicinn a' tachairt aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail. Gheibh sibh an cothrom mar bhuidheann a bhith an sàs ann an diofar phròiseactan suas gu àm a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail.

**Dè bhios mi faighinn bhon a' Chomataidh?**

- Cothrom Gàidhlig a chleachdadh agus a bhruidhinn
- Cothrom diofar mòr a dhèanamh gus Gàidhlig a leasachadh
- Cothrom sgilean ùr ionnsachadh
- Cothrom daoine ùr a choinneachadh
- Cothrom a bhith an sàs ann an aon de na fèisean Gàidhlig as motha ann an Alba
- Cothrom na beachdan agaibh a chur air adhart



year of young people  
bliadhna na h-òigridh  
2018

## Pròiseas tagraidh

Ma tha ùidh mhòr agaibh anns a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail agus ma tha sibh airson ur beachdan a chur air adhart, nach lìon sibh a-mach an [foirm iarrtas](#) againn no cuir fios gu Alison Bruce aig [alison@ancomunn.co.uk](mailto:alison@ancomunn.co.uk) airson barrachd fiosrachadh.

**Feumaidh na h-iarrtasan gu lèir a bhith air an tilleadh ro 2 Giblean, 12f.**

Faodaidh sibh an t-iarrtas agaibh a thilleadh tro post-d gu [alison@ancomunn.co.uk](mailto:alison@ancomunn.co.uk) no tron phost:

**FAO: Alison Bruce  
An Comunn Gàidhealach  
Aonad 7A,  
7 Sràid Sheumais,  
Steòrnabhagh,  
Eilean Leòdhais.  
HS1 2QN.**



year of young people  
bliadhna na h-òigridh  
2018